

PÌOS NAIDHEACHD AIR VELENJE

Tha **Velenje** na bhaile Eòrpach òg agus ùr-nòsach, le ailtireachd ùr-nòsach a tha a' sìor-fhàs ceanglaichean eadar-chultarach. Chaidh ainmeachadh a' chiad turas mar bhaile-margaid san 13mh linn ach thòisich e air fàs mòr an dèidh an Dàrna Cogaidh Mhòir; chaidh meadhan ùr a' bhaile fhosgladh gu foirmeil 20 dhen t-Sultain 1959. Tha Velenje na cathrachd bhailtean sa bheil 25 tuineachadh anns a bheil mu 33,000 duine a' fuireach, mu thuairam 25,000 dhiubh sa bhaile fhèin. Tha e am measg nan ionadan eaconamach as cudromaiche san t-Slòbhain agus tha e na ionad fastachd, rianachd is foghlaim ann an roinn Savinja-Šalek. Tha mèinnearachd guail, cumhachd, obair-mheatailt agus seirbheisean sònraichte aig teis-meadhan leasachadh eaconamach Velenje; agus sna làithean-sa turasachd cuideachd. Fhuair Velenje iomadh duais nàiseanta agus eadar-nàiseanta air sgàth bun-structar agus aoigheachd a' bhaile. Tha nàdar air feadh an àite, sa bhaile fhèin (aig àirde 390m air Ceàrnag Tito) agus mun cuairt air agus chan eil e doirbh tlachd a ghabhail ann am pàircichean a' bhaile, sna coilltean, aig na lochain agus air slighean coiseachd is rothaireachd is sreap nam beanntan. 'S iad na goireasan spòrs ùra, buidhnean cultarach, taighean-tasgaidh, buidhnean foghlaim is iomadh comann is cluba agus an daoine cruthachail cridhe a' bhaile. Tha Velenje ainmeil air na tachartasan spòrs, cur-seachadan, turasachd is cultair a chumar ann. Seo baile a' chiùil, an dannsa, na bàrdachd agus blàthachadh nam beachd-smuaintean. Thèid eachdraidh Velenje sgrìobhadh le iomadh ainm mòr: tha eaconamaichean, luchd-saidheans, luchd-ealain, lùth-chleasaichean, luchd-poilitigs is mòran a bharrachd a' tighinn o Velenje. 'S e baile làn charraighean-cuimhne cultarach a tha ann an Velenje, làn seallaidhean nàdair agus tachartasan is dhaoine a tha a' toirt cuireadh cridheil dhut a thighinn ann is a' gabhail fadachd ri d' fhaicinn ann.

– *Fàilte gu Velenje do ar seann charaidean is ar caraidean ùra!*